

# NUAIR A SHÈIDEAS A' GHAOTH



Malgosia Bartosik . Philippa Nuttall Jones . Zam Zadeh





Bidh cuimhne air 2019 mar a' bhliadhna a dh'atharraich rudeigin, nuair a chaidh clann air stailc airson iarraidh air inbhich ceumannan a ghabhail gus stad a chur air atharrachadh na gnàth-shìde.

Air am brosnachadh le còmhraidh eadar dithis mhàthraichean (Pòlannach a tha gu mòr airson dealan na gaoithe agus neach-naidheachd à Breatainn) agus neach-ealain òg tàlantach à Iran, tha an leabhar comaig seo ag innse sgeulachd air mar a chuidicheas lùth ath-nuadhachail, leithid gaoth, an saoghal gu bhith nas glaine agus nas fhallaine don a h-uile duine.





Ann an 2019, chaidh clann air feadh an t-saoghail air stailc. Chan ann air sgàth 's nach robh iad dèidheil air na tidsearan aca, ach airson iarraidh air na h-inbheach a bha os cionn chùisean stad a chur air atharrachadh na gnàth-shìde. Ghabh iad ùine a-mach às an sgoil son laghan iarraidh gus an Talamh a dhìon agus gum biodh e glan dhaibh san àm ri teachd.



Ach dè dìreach a th' ann an atharrachadh na gnàth-shìde agus carson a tha e cho cudromach stad a chur air?

Gus seo a fhreagairt, feumaidh sinn a dhol air ais ann an tìm...

O chionn 200 bliadhna bha a' mhòr-chuid de dhaoine a' fuireach air an dùthaich.



An uair sin bha Mòr-chaochladh a' Ghnìomhachais ann. Bha factaraidhean a' soirbheachadh agus ghluais daoine gu na bailtean-mòra a dh'obair.

Bha feum air tòrr lùth airson cumhachd a thoirt dha na factaraidhean sin, agus an dèidh sin, do dhachaighean, càraichean agus plèanaichean.

Tha cleachdadh innealan gus rudan a chruthachadh an àite a bhith ag obair le làimh air an fhearann mar as trice a' ciallachadh...

Barrachd obraichean.



Bidh daoine a' cosnadh barrachd airgid, 's urrainn dhaibh barrachd bidh a cheannach, agus bidh beatha nas fhaide agus nas fhallaine aca.



Agus tha plèanaichean agus càraichean ga dhèanamh nas fhasa siubhal.





Ach tha a' mhòr-chuid den seo comasach le bhith a' losgadh chonaidhean-fosail leithid ola, gual agus gas. Tha iad sin a' tighinn bho fhosailean, beathaichean agus planntaichean marbh air am bruthadh san talamh fad nan ceudan mhilleanan bhliadhnaichean.


Nuair a thèid an losgadh, leigidh connaidhean-fosail gasaichean taigh-glainne mu sgaoil, leithid carbon dà-ogsaid\*.

'S e gas taigh-glainne eile a th' ann am meatan\*. Thig seo bho thuathanasan mòra le tòrr bheathaichean, gu h-àraidh crodh, a' bramadaich 's a' brùchdail.

\*carbon dà-ogsaid CO<sub>2</sub>  
\*meatan CH<sub>4</sub>



Còmhla, nì na gasaichean seo plaide neo-fhaicsinneach timcheall na Talmhainn a' glacadh teas bhon ghrèin. Coltach ri taigh-glainne. Mar as trice, bidh seo a' dèanamh an Talaimh na àite snog a bhith a' fuireach air. Ach, tha a' phlaide air fàs ro thiugh, ag adhbhrachadh cus teasachaidh agus atharrachadh na gnàth-shìde.



Tha an saoghal air blàthachadh  $1^{\circ}\text{C}$  mu thràth bhon a nochd  
a' chiad fhactaraidhean.


Cha shaoileadh tu gu bheil mòran a seo. Ach san aon dòigh 's  
a tha thu a' faireachdainn tinn agus fiabhrasach nuair a bhios  
an teòthachd agad ag èirigh beagan, chan eil cùisean ag obair  
ro mhath air an Talamh.



Tha side dhian leithid thuiltean agus tonnan teas a' fàs nas cumanta.  
Tha beathaichean agus planntaichean a' fulang agus eadhon a' dol à bith mar a bhios  
na h-àrainnean aca ag atharrachadh agus a' falbh.



Agus tha daoine a' fàs tinn agus a' bàsachadh air sgàth  
truailleadh èadhair bho fhactaraidhean agus càraichean.



Faodaidh sinn uile  
ceumannan a ghabhail.



Le bhith a' cur sholais dheth, bidh sinn a'  
sàbhaladh lùth agus a' leigeil nas lugha de  
charbon dà-ogsaid mu sgaoil.



Bidh a' coiseachd, a' falbh air baidhsagal, a' dol air bus no  
trèana a' dèanamh nas lugha de thruailleadh na bhith a' falbh  
ann an càr no plèana.



Bidh ag ithe nas lugha de dh'fheòil a'  
ciallachadh nas lugha de mheatan.



Ach chan eil seo gu leòr. 'S e losgadh chonnaidhean-fosail airson lùth an t-adhbhar as motha airson gasaichean taigh-glainne.

Feumaidh sinn atharrachadh gu cabhagach gu bhith a' cleachdadh stòran lùth glan mar a' ghrian agus a' ghaoth an àite chonnaidhean-fosail.



Tha daoine air a bhith a' cleachdadh lùth-gaoithe airson ùine mhòr. 'S dòcha gur e seòladh bhàtaichean thar lochan agus cuantan an cleachdadh as tràithe.



Chaidh a' chiad mhuilnean-gaoithe a thogail timcheall air 2000 bliadhna air ais gus uisge a phumpadh agus flùr a bhleith.



Aig deireadh an naoidheamh linn deug, chruthaich luchd-saidheans, Poul la Cour, eòlaiche-aimsir às an Danmhairg nam measg, eòlaiche-aimsir às an Danmhairg a' chiad chrann-gaoithe airson dealan a dhèanamh.

Ann an 1918, bha còrr is 120 crann-gaoithe ann mu-thrath a' dèanamh dealan anns an Danmhairg. Ach b' ann ann an 1978 a sheall innleadairean anns an Danmhairg a' chiad chrann-gaoithe tri-lannach air an t-saoghal a bhrosnaich an fheadhainn a bhios sinn a' cleachdadh an-diugh.



Mar sin, ciamar a bhios crann-gaoithe ag obair?


1. Bidh a' ghaoth a' cur nan lannan mun cuairt.

2. A' cur car dhen mhotair.

3. A' dèanamh dealan.

4. A' toirt cumhachd do dhachaighean, sgoiltean agus factaraidhean gun gasaichean taigh-glainne a dhèanamh.

5. Agus a' cruthachadh obraichean ùra do dh'innleadairean, luchd-togail, ailtirean, luchd-saidheans agus mòran a bharrachd.



Cha robh a' chiad chrainn-ghaoithe  
mòran nas motha na an fheadhainn  
bhon naoidheamh linn deug.

Tha na crainn-ghaoithe san latha an-diugh  
nas àirde, nas fheàrr, nas slaodaiche agus nas  
làidire agus gheibhear iad air tìr no aig muir.

Dh'fhaodadh an lùth a thig bho aon chuairt  
de na crainn-ghaoithe as cumhachdaiche air  
an t-saoghal cumhachd a thoirt don  
dachaigh agad airson latha.

Ann an 2025, bidh tòrr chrainn-  
ghaoithe ann a bhios nas àirde na  
Tùr Eiffel ann am Paris, (gach fear  
nas truime na 100 ailbhean!)





Mu thràth, tha còrr is 130,000 crann-gaoithe a' toirt cumhachd don Roinn Eòrpa. Còmhla ri panalan grèine, càraichean dealain agus atharraichaidhean nar giùlan gus lùth a shàbhaladh agus truailleadh a lùghdachadh, bidh an t-àm ri teachd nas glaine agus nas fhallaine dhuinn uile air sgàth lùth-gaoithe.



Seo an t-àm ri teachd dhuinne.

Le taic bho:

**Wind**<sup>•</sup>  
**EUROPE**

[windeurope.org](http://windeurope.org)





[www.letthewindblow.org](http://www.letthewindblow.org)

Air eadar-theangachadh le:  
Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig